

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleane@bbc.co.uk. This is Litir 516. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 212 corresponds to Litir 516.

Bha Gilleasbaig, no Archibald, Cook na shàr-shearmonaiche. Bha e na mhinistear. An dèidh an sgaraidh san eaglais ann an ochd ceud deug, ceathrad 's a trì (1843), bha e anns an Eaglais Shaoir ann an Deimhidh, faisg air Inbhir Nis. Uaireannan bhiodh e a' cumail sheirbheisean a-muigh làimh ris an eaglais oir cha robh an togalach mòr gu leòr airson nan ceudan a rachadh a dh'èisteachd ris.

Bhiodh e a' searmonachadh ann an Gàidhlig agus uaireannan ann am Beurla agus chaidh mòran de na searmonan aige a ghlèidheadh air pàipear. Cha deach am foillseachadh ann an cruth leabhair fhathast, ge-tà. Airson fiosrachadh orra, tha mi an urra ri Tormod Caimbeul a thug òraid inntinneach seachad air Cook do Chomunn Gàidhlig Inbhir Nis. Tha an òraid a-nise air nochdadh ann an cruth pàipeir anns an iris as ùire de *Transactions* a' Chomuinn.

Bha seasamh car neo-àbhaisteach aig Cook air rud no dhà co-cheangailte ris an eaglais is ris na sgrìobtaran. Mar eisimpleir, bha e dhen bheachd gun robh anam duine a' tighinn bho a phàrantan; bha a' chuid mhòr anns an eaglais aige dhen bheachd gun tigeadh an t-anam gu dìreach bho Dhia.

Agus cha robh Cook taiceil don iomairt airson casg a chur air deoch làidir. Bha mòran anns an Eaglais Shaoir air a ràdh gu sòlaimte nach gabhadh iad deoch làidir sam bith agus nach toireadh iad deoch do dhaoine eile. Tha e coltach gun robh Cook dhen bheachd gur e atharrachadh spioradail a bha a dhìth air daoine – gum biodh iad a' tionndadh gu Crìosd, 's nach robh seachnadh na dibhe mar phàirt dheth sin. “Tha an-diugh dòighean ùr aca air peacaidhean a thrèigsinn,” thuirt e bhon chùbaid. “Gabhaidh iad *pledge*, ach chan eil sin ach a bhith a' cur fàinne ann an sròn muice.” Air an làimh eile, bha e an aghaidh ceòl is dannsadh, a' smaoinichadh gun robh iad peacach.

Bha Cook gu làidir an aghaidh nam fuadaichean a bha a' tachairt ann an Deimhidh aig deireadh nan caogadan. Bha nàdar de rup ann airson croitean fhaighinn **air mhàl** agus bhiodh cuid nach b' urrainn uiread a phàigheadh air an cur a-mach às na croitean aca. “Sanntaichidh iad fearann an nàbaidh,” thuirt e, “agus, ged a chitheadh iad gul nan creutairean a tha iad a' cur a-mach às an àitean còmhnaidh, cha bhean e riu' nas mò na leaghas an t-uisge na clachan.”

Ged a dh'fhàs Cook ainmeil ann an Deimhidh, bha teans ann bliadhnaichean roimhe gum falbhadh e a-null thairis. Bha cuid de Ghàidheil ann an Ceap Breatainn ann an Canada a' beachdachadh air Cook a ghairm mar mhinistear dhaibh. Dh'iarr iad air a' mhinistear ainmeil thall an sin – an t-Urramach Tormod MacLeòid – sgrìobhadh gu Cook airson faighinn a-mach am biodh ùidh aige ann a bhith a' dol a-null. Chaidh litrichean eadar an dithis ach thàinig an gnothach **gu ceann** nuair a chàin MacLeòid Cook.

Chaochail Cook ann an ochd ceud deug, seasgad 's a còig (1865), às dèidh dha sreath stròcan fhulang. Ach tha e air a chuimhneachadh fhathast ann an Deimhidh is Srath Narann.

Bu mhath leam crìoch a chur air a' chunntas seo le marbhrann do Chook a bh' air a sgrìobhadh dha, ann an Gàidhlig, le fear Seumas MacBheathain:

*B' e ministear sgìr' Dheimhidh e
'S chan aithne dhomh ach gann
A riaraidheadh cho somalta
An t-anam a bhiodh fann.
Bha (a) chaitheamh beatha-s' is eisimpleir
'S a theagaisg anns gach àm
Toirt dearbhadh gun robh an cumantas
A chomann ris a' Cheann.*

* * * * *

Faclan na Litreach: sàr-shearmonaiche: *a renowned preacher*; Tormod Caimbeul: *Norman Campbell*; fuadaichean: *clearances*; rup: *auction*; gul: *crying*; Ceap Breatainn: *Cape Breton Island*; chàin: *criticized*;

Abairtean na Litreach: an dèidh an sgaraidh san eaglais: *after the disruption in the church*; anns an Eaglais Shaoir ann an Deimhidh: *in the Free Church in Daviot*; bhiodh e a' cumail sheirbheisean a-muigh làimh ris an eaglais: *he would hold services outside next to the church*; airson nan ceudan a rachadh a dh'èisteachd ris: *for the hundreds that would go to listen to him*; ann an cruth leabhair: *in book form*; seasamh car neo-àbhaisteach: *a somewhat unusual stance*; gun tigeadh an t-anam gu dìreach bho Dhia: *that the soul would come directly from God*; gu sòlaimte: *solemnly*; nach toireadh iad deoch do dhaoine eile: *that they wouldn't give [alcoholic] drink to others*; seachnadh na dibhe: *the avoidance of drink*; dòighean ùr' air peacaidhean a thrèigsinn: *new ways of avoiding sin*; a' cur fàinne ann an sròn muice: *putting a ring in a pig's nose*; cuid nach b' urrainn uiread a phàigheadh: *some who couldn't pay so much*; sanntaichidh iad fearann an nàbaidh: *they covet their neighbour's land*; cha bhean e riu' nas mò na leaghas an t-uisge na clachan: *it affects them no more than water melting stones*; às dèidh dha sreath stròcan fhulang: *after suffering a series of strokes*; 's chan aithne dhomh ach gann: *I know very few*; a riaraidheadh cho somalta: *who'd satisfy so fully*; bha (a) chaitheamh beatha-s' is eisimpleir: *his way of life and example*; [a'] toirt dearbhadh gun robh an cumantas: *gave proof that in the main*; a chomann ris a' Cheann: *his fellowship [was] with the Head [of the Church]*.

Puing-chànain na Litreach: **air mhàl:** *on rent*. Fhuair mi an càr sin air mhàl (*I rented that car*). We generally teach learners that the preposition *air* (meaning “on, upon”, rather than “after”) does not lenite the following (indefinite) noun eg *air bòrd*, *air balach*, but the full picture is not quite that simple. In Irish Gaelic, the equivalent preposition (*ar*) generally causes lenition (the Irish say *ar chrann* for “on a tree”, rather than *ar crann*) and this appears to be the historical situation in Scottish Gaelic. The traditional lenition is preserved in many phrases, in addition to *air mhàl*, eg *air bhioran* (*on tenterhooks*), *air bhoil* (*angry*), *air chrith* (*shaking*), *air thoisich* (*ahead, in front*) and *mean air mhean* (*little by little*).

Gnathas-cainnt na Litreach: thàinig an gnothach **gu ceann:** *the matter came to an end*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA